

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

C

Total

1220/403

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2011

DIARDAOIN, 26 CÈITEAN
10.50 AM – 11.30 AM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Sàr Ìre
Leughadh

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Leugh gach earrann gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.
Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**

Tha Pàirt 1 agus ceistean air duilleagan 2, 3 agus 4.

Tha Pàirt 2 agus ceistean air duilleagan 5, 6 agus 7.



EARRANN

Pàirt 1

Nuair a dh'fhairich Iain cùl a' BhMW a' bualadh air a' bhalla bha e mar gun cuireadh duine sgian na chridhe. 'S e a' chiad rud a thàinig a-steach air: *“Ciamar a dh'innseas mi seo do m' athair? Bha fios agam nach robh còir agam an càr aige a thoirt a-mach gun chead. Carson a rinn mi rud cho amaideach?”*

Chunnaic e dithis a' toirt sùil air agus, an uair sin, a' coimhead gu geur air clàr a' chàir. Cha mhòr nach do theich e. Bha làn fhios aige dè bhiodh iad ag ràdh ri chèile: *“Nach eil esan ro òg a bhith a' dràibheadh? Agus mura h-eil, càit an d' fhuair e a leithid a chàr?”* Thàinig an dearg-eagal air . . . dè nan cuireadh iad fios chun a' phoileis?

Dh'fheuch e ris an smuain sin a chur às inntinn agus chaidh aige air an càr a chur dìreach ri oir a' bhalla. An uair sin thàinig e a-mach agus choimhead e air cùl a' chàir. Bha toll an ìre mhath mòr ann. Cha bhitheadh e ceart a-chaoidh tuilleadh. Thàinig na deòir dha shùilean. Dè idir a dhèanadh e?

'S e latha blàth, samhraidh a bha ann nuair a dh'fhàg e an taigh o chionn beagan ùine. Bha e a' faireachdainn cho comasach a' stiùireadh a' chàir. Ach a-nis ged a bha a' ghrian a cheart cho brèagha, bha a h-uile càil air fàs cho grànda. *“Uill, thàinig mi don bhaile airson a dhol do na bùthan agus tha cho math dhomh sin a dhèanamh,”* thuirt e ris fhèin. Gu trom-chridheach, ghlas e an càr. Ach bha a cheann ann an leithid a bhrochan. Thachair feadhainn às an sgoil ris ach bu ghann a dh'aithnich e iad. Nuair a chaidh e a-steach don chiad bhùth, cha robh càil a chuimhne aige dè idir a bha a dhith air.

Air an rathad dhachaigh bha e a' feuchainn ri smaoinichadh ciamar a dh'innseadh e dha athair mar a rinn e. Bha esan cho moiteil às a' BhMW ùr aige agus cho toilichte cuideachd gun d' fhuair a mhac tron deuchainn dràibhidh a' chiad uair a dh'fheuch e i.

Ciamar a thòisich e air innse dha? Thàinig smuain innleachdach thuige . . . *“A bheil cuimhne agaibh, athair, air an latha a shàbhail mi ur beatha . . . mar a thuirt sibh nach robh gille cho iongantach riumsa san t-saoghal gu lèir? A bheil sibh fhathast a' creidsinn sin?”* Ma bha, dh'fheumadh athair mathanas a thoirt dha.

Air a bheulaibh nochd an taigh aige. Thill an imcheist thuige.

Comharraidhean

CEISTEAN

1. Ciamar a dh'fhairich Iain an dèidh na tubaiste?

1

2. Dè a bu mhotha a bha a' dèanamh dragh do Iain?

2

3. Carson a theab Iain teicheadh?

2

4. Ann am beachd Iain, dè na ceistean a bhitheadh air na daoine?

2

5. Dè an smuain **nach robh** Iain idir airson beachdachadh air?

2

6. Dè an cron a rinneadh air a' chàr?

2

[Tha ceistean 7, 8, 9, 10 agus 11 air duilleag a ceithir

Comharraidhean

7. Ciamar a bha faireachdainnean Iain air atharrachadh tron mhadainn?

2

8. Carson a cho-dhùin Iain a dhol do na bùthan?

2

9. Dè an **dà rud** a dhearbhadh gun robh a cheann na bhrochan?

4

10. Dè an **dà rud** às an robh athair Iain pròiseil?

2

11. (a) Dè an rud cudromach a bha air tachairt eadar Iain agus athair ron seo?

1

(b) Ciamar a dh'fhaodadh seo a bhith feumail do Iain a-nis?

3

(25)

[Tha Pàirt 2 air duilleagan 5, 6, agus 7

Pàirt 2

An dèidh dha a dhol a-steach dhan taigh, thog Iain am fòn agus dh'fhaighnich e do mhuinntir garaids (nach cleachdadh athair) am b' urrainn dhaibh bumpair ùr a chur air a' chàr an latha ud fhèin. Thuirt iad nach b' urrainn ach gur dòcha gum faodadh iad an ath latha. Ghabh e ris an tairgse sin agus chuir e sìos am fòn.

“Saoil am faigheadh m' athair a-mach mu dheidhinn mur a h-innsinn idir dha e?” thuirt e ris fhèin. *“Cha bhi feum aige air a' chàr a-nochd — tha ball-coise air an telebhisean. Bhithinn a' faireachdainn ciontach ach 's fheàrr sin na aimhreit.”* Chuir e roimhe nach innseadh e idir dha agus thòisich e air obair-sgoile le cridhe na b' aotruime. Ach cha b' fhada gus na thòisich a chogais air a bhuaireadh. *“Mur a h-innis mi dha agus ma gheibh e a-mach mu dheidhinn seo ann an dòigh eile, goirtichidh mi gu mòr e. Tha gu leòr de dh'uallach air na obair mu thràth.”*

Thàinig gnogadh chun an dorais. Cò bha ann ach Tormod, a dheagh charaid, a bha air an aon bhliadhna san sgoil.

“Thig a-steach, a Thormoid. Bheil fhios agad dè rinn mi? Thug mi BMW m' athar a-mach gun chead. Bhual mi balla 's tha toll mòr anns a' bhumpair. Chan eil fhios agam ciamar a dh'innseas mi a' chùis dha.”

“Innse! Carson a dh'innseadh tu dha? Cuir fòn chun na garaids. Tha fhios gu bheil airgead gu leòr agad sa bhanca.”

“Tha mi air sin a dhèanamh agus tha iad deònach a chàradh,” fhreagair Iain, “ach tha eagal orm gum bi mi a' faireachdainn ciontach.”

“Faireachdainn ciontach! Nach tu a tha faoin. Cha chosg bumpair ùr ach dhà no thrì cheud. Nan tachradh a leithid dhòmhsa, 's e an fhìrinn an rud mu dheireadh a dh'innsinn. 'S fhada on a bha mo phàrantan air mo thilgeil a-mach nan robh fios aca air na rinn mise feadh nam bliadhnachan!”

Rinn Iain gàire airson a' chiad uair on a thachair an tubaist. *“Trobadh a-steach dhan chidsin is gheibh sinn rudeigin às an fhuaradair,”* ars esan.

“Cuir thusa beagan ùine seachad còmhla ris a-nochd fhad 's a bhitheas an geama mòr air a' bhogsa 's bidh sibh gu math dòigheil le chèile,” arsa Tormod nuair a bha e a' falbh.

Ach bha Iain eadar dà bharail fad an fheasgair agus cha robh e fhathast air inntinn a dhèanamh suas aig leth uair an dèidh còig nuair a dh'fhairich e an doras a-muigh a' fosgladh agus athair a' tighinn a-steach.

Comharraidhean

CEISTEAN

1. (a) Dè dh'fhaighnich Iain de luchd-obrach na garaids?

2

(b) Carson a thagh Iain a' gharaidh sin?

1

(c) Dè thuirt luchd-obrach na garaids mun iarrtas aige?

2

2. Dè an smuain a thàinig a-steach air Iain an dèidh dha bruidhinn ri muinntir na garaids?

2

3. Tagh facal a tha a' ciallachadh an aon rud ri strì.

1

4. Ciamar a dh'atharraich faireachdainn Iain fhad 's a bha e a' dèanamh obair-sgoile?

2

5. Dè tha a' sealltainn dhuinn gun robh faireachdainnean athar cudromach dha Iain?

3

[Tha ceistean 6, 7, 8, 9 agus 10 air duilleag a seachd]

Comharraidhean

6. Cò bha ann an Tormod?

2

7. Carson a bha Tormod den bheachd gum bu chòir do Iain an càr a chur dhan gharaid?

3

8. A rèir Thormoid, dè bhitheadh air tachairt dha nam bitheadh e an-còmhnaidh onarach ri a phàrantan?

2

9. Dè a' chomhairle mu dheireadh a thug Tormod seachad?

3

10. Dè tha a' sealltainn nach robh Iain cinnteach dè dhèanadh e?

2

(25)

[50]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

C

Total
Mark

1220/408

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2011

DIARDAOIN, 26 CÈITEAN
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Sàr Ìre
Èisteachd (Ceistean)

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là	Mìos	Bliadhna	Àireamh an oileanaich	Àireamh an t-suidheachain
<input type="text"/>	<input type="text"/>	<input type="text"/>	<input type="text"/>	<input type="text"/>

Tha aon earrann anns an deuchainn.

Tha an earrann na dà phàirt.

Cluinnidh tu gach pàirt dà thuras.

An dèidh dhut gach pàirt a chluinntinn an dara turas, freagair na ceistean air a' phàirt sin.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh fhad 's a tha thu a' cluinntinn gach pàirt.

Sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



CEISTEAN

Pàirt 1

1. Cuin a rinn Pàdraig agus a bhean atharrachadh mòr air am beatha?

1

2. Carson nach robh cùisean a' dol ro mhath do Phàdraig aig an àm?

2

3. Dè an obair a bh' aig bean Phàdraig?

3

4. Ainmich trì rudan a chòrd ri Pàdraig agus a bhean mun Eadailt.

3

5. Dè bha iad a' dol a dh'fhàgail às an dèidh san dùthaich seo?

2

6. (a) Innis mu Dhaibhidh, mac Phàdraig.

2

(b) Innis mu Cheitidh, nighean Phàdraig?

2

(c) Dè bha follaiseach do Phàdraig?

2

7. Carson a bha e iongantach gun robh iad a' dol a dh'fhuireach san Eadailt?

2

8. Ciamar a tha fios agad gu bheil Pàdraig agus a bhean a-nise toilichte gun do dh'fhalbh iad?

1

9. (a) Dè rinn iad airson taigh a lorg?

1

(b) Càit an do thagh iad taigh mu dheireadh?

3

10. Carson a bha obair mhòr romhpa san Eadailt?

1

(25)

CEISTEAN

Pàirt 2

1. (a) Dè thuig iad cho luath 's a chunnaic iad an taigh san Eadailt?

1

- (b) Carson a bha sin?

3

2. Ciamar a bha an taigh feumach air càradh?

2

3. Carson nach robh Catrìona agus an luchd-obrach a' tuigsinn a chèile ro mhath?

2

4. Dè bha Catrìona a' cleachdadh airson bruidhinn ris an luchd-obrach?

1

5. (a) Dè an spòrs cudromach a bha a' tachairt aig an àm?

1

- (b) Dè a' bhuaidh a bha aig sin air an luchd-obrach?

2

5. (continued)

(c) Dè thuig Catrìona agus Pàdraig mu bheatha san Eadailt an uair sin?

3

6. (a) Carson nach robh Catrìona cinnteach an cuireadh muinntir a' bhaile fàilte orra nuair a ràinig iad an toiseach?

2

(b) Ciamar a bha na nàbaidhean gu math coibhneil ri Catrìona agus Pàdraig nuair a bhiodh iad ag obair?

2

7. Carson a tha Catrìona agus Pàdraig cho taingeil a-nise?

3

8. Carson a tha Catrìona agus Pàdraig caran duilich?

3

(25)

[50]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

1220/409

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2011

DIARDAOIN, 26 CÈITEAN
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Sàr Ìre
Èisteachd (Earrann)

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



Part 1 should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 2 minutes.)

EARRANN

Tha Pàdraig MacAoidh a' bruidhinn air prògram rèidio air dè thachair nuair a cheannaich e fhèin agus a bhean seann taigh san Eadailt.

Pàirt 1

O chionn ochd bliadhna, rinn mi fhìn agus mo bhean rudeigin a dh'atharraich ar beatha gu mòr. Cha robh cùisean a' dol ro mhath dhomh. Bha mi air m' obair a chall mar mhanaidsear ann am factaraidh. Cha robh mo bhean toilichte san obair aice-se mar rùnaire aig companaidh lagha ann an Lunnainn.

Nuair a chaidh sinn air saor-làithean don Eadailt, bha buaidh mhòr aig an dùthaich oirnn. Bha an t-side air leth brèagha, na seallaidhean àlainn, am biadh cho blasta agus muinntir an àite cho laghach. Nuair a thill sinn don dùthaich seo, bha fhios aig an dithis againn dè a bha sinn ag iarraidh a dhèanamh – ar cùl a chur ri droch shìde agus ùpraid a' bhaile mhòir agus beatha ùr a thòiseachadh air tìr-mòr na Roinn Eòrpa. Cha do chreid an teaghlach sinn nuair a dh'innis sinn dhaibh gun robh sinn airson fuireach san Eadailt. Ach, bha iad air fàs suas: bha Daibhidh fichead 's a tri agus ag obair air a cheann fhèin agus bha Ceitidh pòsta agus teaghlach aice fhèin.

Bha e follaiseach gun robh atharrachadh mòr a' dol a thighinn air beatha a h-uile duine againn. Cha robh sinn idir air mòran siubhail a dhèanamh roimhe agus a-nise bha sinn air aontachadh a dhol a dh'fhuireach san Eadailt far nach tuigeadh sinn an cànan agus far nach robh eòlas againn air a' chultar. An robh sinn glic? Saoilidh mi aig a' cheann thall gur e an rud a b' fheàrr a rinn sinn riamh!

Bha sinn airson taigh a cheannach agus thòisich sinn a' rannsachadh air an eadar-lìon airson feadhainn a bhiodh freagarrach. Mu dheireadh, thagh sinn fear air an dùthaich a bha faisg air baile mòr agus port-adhair. Aig toiseach na Dùbhlachd, bha sinn air an taigh againn fhìn a reic ach abair gun robh obair mhòr gar feitheamh san Eadailt oir bha am fear a cheannaich sinn an sin gu math feumach air a chàradh.

After the second reading of Part 1, wait for 5 minutes, and then read Part 2.

Part 2 should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 3 minutes.)

Tha Catriona, bean Phàdraig, a' leantainn oirre a' bruidhinn.

Pàirt 2

Bha fhios againn bhon a' chiad mhionaid a chunnaic sinn an taigh seo nach robh sinn ag iarraidh taigh sam bith eile. Ged a bha an taigh robach, bha e eireachdail aig an aon àm, agus cha robh sinn airson fuireach ann an taigh ùr a bha coltach ri bogsa. Chaidh an taigh a thogail còig ceud bliadhna air ais. Bha dealan ann, ach bha an t-uisge a' dòrtadh tron mhullach agus cha robh doras aghaidh air idir. Nuair a thòisich sinn air an taigh a chàradh, bha e doirbh dhuinn dèiligeadh ris an luchd-obrach. Cha robh Beurla aca agus cha robh againne ach facal no dhà de dh'Eadailtis. Gu math tric, bha mi a' bruidhinn riutha le leabhar de dh'abairtean feumail ann an Eadailtis air mo bheulaibh! Ach bha sinn den bheachd gun robh sinn deiseil airson duilgheadas sam bith a thigeadh san rathad oirnn. Bha Cupa na Cruinne ann am ball-coise a' dol aig an àm. Cha robh na fir ach air tòiseachadh a' cur a' mhullaich air an taigh nuair a dh'fhalbh iad uile a choimhead air an Eadailt a' cluich gèam cudromach. Cha do thill iad airson trì làithean. Tha sinn a' tuigsinn a-nise nach eil dad nas cudromaiche an seo na ball-coise agus gun tig a h-uile càil gu stad nuair a bhios an sgioba nàiseanta a' cluich.

Cha robh fios againn le cinnt an cuireadh muinntir a' bhaile fàilte oirnn. Bha mise den bheachd gum biodh iad mì-thoilichte gun robh coigrich air taigh a cheannach faisg orra. Cha robh còir dragh a bhith oirnn. Thigeadh iad le basgaid mhòr làn de bhiadh de gach seòrsa dhuinn nuair a bha sinn trang ag obair. Deagh nàbaidhean agus deagh bhiadh le fìor dheagh bhlas.

Thug e greis dhuinn gach rud a chrìochnachadh air an taigh ach tha sinn taingeil a-nise gu bheil an taigh cho cofhurtail, gu bheil ar nàbaidhean cho gasta agus gu bheil a' ghrian a' deàrrsadh fad an t-samhraidh. Faodaidh sinn a bhith ag ithe a-muigh gu dòigheil uair sam bith a thogras sinn. Tha sinn beagan duilich nach fhaic sinn a' chlann agus na h-oghaichean cho tric 's a bu toigh leinn. Ach, thig iad uile a choimhead oirnn sna saor-làithean! Tha sinne air saor-làithean an seo fad na bliadhna!

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[DUILLEAG FHALAMH]